

CARAI D

NAM PEACACH.

By permission of the Author.

Theagamh gu'm bu nì ceart e, an leabhran so thoirt 'an iasad, no a léughadh, do'n dream a ta tur aineolach mu shlighe na slàinte. Tha Dia air uairibh ag oibreachadh le meadhonaibh fìor iriosal,—agus có aig a bheil fios cìod is e a *thoil-san* a dheanamh le cuspair cho faoin rì so? (Nì cho neoineach rì so.) “A bheil nì sam bith ro chruaidh air an Tighearna?”

G. GALLIE & SON, GLASGOW.
MACLACHLAN AND STEWART, EDINBURGH.
1882.



F. S. Murray
CARAID

NAM PEACACH.

By permission of the Author.

Theaganh gu'm bu nì ceart e, an leabhran so thoirt 'an iasad, no a léughadh, do'n dream a ta tur aineolach mu shlighe na sláinte. Tha Dia air uairibh ag oibreachadh le meadhonaibh fíor iriosal,—agus có aig a bheil fios ciod is e a *thoil-san* a dheanamh le cuspair cho faoin ri so? (Nì cho neoineach ri so.) “A bheil nì sam bith ro chruaidh air an Tighearna.”

G. GALLIE & SON, GLASGOW.
MACLACHLAN AND STEWART, EDINBURGH.

1882.

I REJOICE to find that the "SINNER'S FRIEND" is to be published in the Gaelic. It is unnecessary for me to give an opinion as to the character and value of that excellent little work. But I beg leave to state, that I consider it a most suitable work to be put into the hands of the poor Highlanders. To them it must prove a valuable boon ; and I can truly say, that I know no person so capable of translating it into pure, simple idiomatic language as Mr. Munro, to whom it has been entrusted. He is one of the best Gaelic scholars living. I have looked over the MS. and it is just such as I expected from the hands of Mr. Munro. Most sincerely do I wish all manner of success to the work ; and it will afford me much pleasure, if I can in any way promote its circulation.

NOR. M'LEOD,

Minister of St. Columba, Glasgow.

10TH FEBRUARY, 1837.



CARAIÐ A' PHEACAICH.

A PHEACAICH!

RINNEADH AN LEABHRAN BEAG SO AIR DO
SHON-SA!

A chum *Dòchas* agus *Furtachd*, *Aoibhneas* agus
Sìth a thoirt dhuit.

AMHAIN creid gu bheil Dia *toileach* maitheanas a thoirt do
gach uile pheacach *aithreachail*, agus guidh gu dùrachdach
AIRSON tròcair a dheanamh ort, agus biodh dearbh-chinnt
agad gu'n *dean* e maitheanas a thoirt dhuit (seadh, eadhon
dhuit-sa) air sgàth ä MHIC ghràdhaich féin.

CUIMHNICH—"Gu bheil an Tighearna *a feitheamh* gu bhi
gràsmhor:" uime sin, fuadaich uait buaireadh Shàtain; 's
e ä mhiannsan nach biodh earbsa agad á tròcairibh Dhé,
agus a thoirt ort a chreidsinn gu bheil do pheacannan cho
anabarrach mòr's nach faodar äm maitheadh. Ach tha sin
eu-comasach, a chionn "*glanaidh fuil Chrìosd* o gach UILE
pheacadh."

Na cumadh do chogais ort màirneal
Le smuainte bàth nach 'eil thu réith;
'S i so 'n aon *uigheam* tha E 'g iarraidh,
Mothach' giar *thu bhi 'nä fhéum-s'*.

S i *urnaigh dhiomhair*, dhùrachdach, an t-aon seòl tait-
neach, *sìr-chinnteach*, air faochadh agus furtachd fhaighinn,
ri linn nan ànrath a's truime.

Cridhe maoth, briste, brùite; mothachadh iriseal gu'n do
thoill sinn dìteadh; iarrtas dùrachdach air tròcair; is
nithean iad sin a tha dol 'an cois slàinte, agus *ris nach cuir*
ar Dia gràsmhor-ne *cùl gu bràth*.

Tilgte do dh-Ifrinn !

Tilgear na h-AINGIDH do dh-IFRINN, agus na cinnich sin uile a ni dichuimhn' air DIA !—ix Salm, 17.

NACH UAMHASACH A' BHINN SO !

A PHEACAICH THRUAI GH—Ciod a ni *thusa* 's a' chuis eagalaich so ? Ciamar a thàrras *tusa* as o bhinn na muinntir aingidh sin a theid a thoirt thairis do thruaighe neochrionnaich ?

Gabh *aithreachas*, agus creid anns an Tighearna Iosa Crìosd, agus nithear *THUSA* a thèarnadh. Gnìomhar xvi, 31.

Cha chuimhnichear dhuit lochd air bith a rinn thu.—Esec. xxxiii, 16.

Tha an Tighearna a' tearnadh aig an aona uair déug,—tèarnaidd e *gus a chuid a's faide mach* ; uime sin, na toir GEILL *gu bràth*. Gidheadh, na cuir dàil sealain 's an aithreachas.—Theagamh gur h-e 'm *maireach* do latha deirionnach.

Thig LA A' BHREATHANAIS ann an ùine *fìor ghoirid*.

Seall air an ath dhuilleig, agus léugh a' mhisneach a tha *agadsa* d'earbsa a chur ann an tròcair an Dia chaoimh sin aig nach eil tlachd sam bith ann am bàs peacaich (Esec. xxxiii, 11). Agus a gheall nach tilg e mach aon air bith a thig d'ä ionnsaidh (le cridhe diblidh, brùite) ag earbsadh ann an toillteanas ä mhic ghràdhaich.

Tha AITHREACHAS agus MAITHEANAS *do-sgaraichte* o chéile. Luc. xxiv, 47.

CUIMHNICH A-RITHISD

Nach eil peacadh sam bith ann nach gabh maitheadh, ach am peacadh 'an aghaidh an Spioraid Naoimh.—Mata. xii, 31, 32.

Cha 'n eil diultadh air Aon idir.

“ An tì a thig a'm ionnsaidh, cha tilg MISE, AIR CHOR SAM BITH, A MACH e. Agus is i ä thoilsan a chuir uaithe mise, gu'm biodh a' bheatha mhairionnach aig GACH UILE AON a chì am Mac, agus a chreideas ann ;—agus togaidh mise 'n àird e air an latha dheirionnach.”—Eoin vi, 37-40.

Tha dearbhachd 'g à toirt anns na briathraibh so, nach diùltadh Dia aon neach sam bith, a thigeadh h-uige air son

slàinte d'ä anam, le iarrtas dùrachdach a' bheannachd sin fhaotainn, ann an earbsa ri firinn, ri cumhachd, agus ri gràs Dhé, agus a' cleachdadh na meadhoinnean a shònraich e-féin : a dh' aindheoin meudachd cionta peacaich roimhe so, a dh' aindheoin ä sheann chleachdanna mi-bhéusail, ä thràillealachd do Shàtan, agus anfhainneachd ä thigheachd gu Crìosd—gidheadh nach tugadh sin air Dia cùl a chur ris ; agus ni mo a rùnaich Dia, le *ordugh* diomhair, cùl a chur ris. Ri so, tha toil an Athar (a thainig am mac a nuas á neamh a choilionadh) gu h-iomlan a' co-chòrdadh ; is i ä thoilsan, nach diùlteadh 's nach cáillteadh, 'am beatha no 'am bàs, aonan diu-san a thugadh do'n Mhac, ach gu'n rachadh gach uile aon diu a thogail an àird gu sonas siorruidh, aig an latha dheirionnach.

Tha Iosa, cha'n e mhàin a' saoradh gach uile a chreideas ann agus a ghéilleas dha, ach tha e 'gän teasraiginn o chiont, o dhiteadh, o chumhachd agus o thruaillidheachd äm peacannan gu léir ; agus, fa dheireadh, saoraidh e iad o bhith* a bhi idir aig a' pheacadh annta, agus o chumhachd a bhi aige thairis orra, an uair a shluigear suas am bàs le buaidh, agus a dh' iompaichear bròn gu sòlas siorruidh.

A PHEACAICH ! a bheil thu 'n imcheist ? An diùlt thu, fad mionaid na h-uaire, an tairgse ghlòrmhor so air tròcair ? 'S e so la' na slàinte—agus tha'n t-äm sona iar teachd *ortsa* 's am faodar do pheacannan lionmhor a dhubhadh as, agus d' anam a shaoradh gu siorruidh. Tha caomh-chion aig Iosa ort chum do mhaith. O ! gabh ris ann ad chridhe, agus bheir e leis do neamh thu.

Gu'n robh an earrann so 'nà beannachd agus 'nà misnich cho mòr do gach aon a léughas i, agus a bha i do 'n aon a rinn a sgrìobhadh !

Na cul-sleomhnaich iar an Aiseag.

Pillibh, O a chlann chul-sleomhnach, agus leighisidh mise bhur cul-sleomhnachadh. Ieremia iii, 22. Faic fòs Lucas xv, 20. An uair a bha e fathast fad air fò'bh—

(NACH ANN AN SO A THA A' CHAOMH-THROCAIR !)

EISD, mata, ri guth d' Athar agus d' aodhaire ghràdhaich, O thusa a leinibh chùl-sleòmhuach agus a chaora chaillte, 's e gu dùrachdach ag éughach *Till, Till !* Na ruith tuille air an t-slighe leathainn maille ris an t-saoghal. Nach eil

* bhed, bheatha.

thu fathast sgith de phlaoisg an t-saoghail? Nach eil iomagain idir ort mu d' anam? Nach iomain sin thu gu Dia? Féuch! tha d' Athair agus d' Aodhaire 'g' ad iarraidh. Tha e iar dol a mach mar thà g'ad choinneachadh 's g'ad ghairm. Gabhaidh e riut *gu toileach agus gu h-aoibhneach*. Thig, amhàin ag ùrnaigh mar bha am mac Stròghail, agus bheir e dhuit maitheanas gu saor, cia bith à mheud 'sa pheacaich thu 'nä aghaidh. *Tha e comasach air gach truaillidheachd a's gràineile 'n ad chridhe a chasg agus a leigheas*: is urrainn e eadhon do shaoradh á craos ifrinn agus an diabhoil. Cha 'n e sin amhàin, *ach ged robh seilbh aig còrr agus seachd deomhain ort, bu chomasach e air àn tilgeadh asad*. Tòisich ri gairm air gu dùrachdach ann an ùrnaigh, agus, bochd is truagh mar tha thu, thig h-uige mar lighiche d' anma, chionn tha 'n lighiche agus an t-éuslan (Slànaighear beairteach agus peacach bochd), ro fhreagarrach air à chéile.

Tha e 'leigheas ar n-euslaintean uile, agus faodaidh e an ni sin a dheanamh comasach a shaoileas tusa' bhi ro eu-comasach.

O Iosa,—làn de fhàirinn 'us de ghràs,
 Na's làine de ghràs na mise de chiont,
 A rithisd aon uair iarram d'aodann gràidh
 Cuairt-ghlac mi le d' ghàirdean is tàth mi riut,
 Dean leòintean m' anma thruaigh a nighe;
 Gu ùrnaigh deasaich fonn mo chridhe;
 O! maith mo sheachrain dhomh gu saor!
 'S do'n pheacach àin-dileas thoir fathast gaol.

Am Misgear iar 'Aiseag.

Ma ghlacar neach ann an coire air bith, sibhse a ta spioradail, togaibh suas à shamhail sin de dhuine ann an spiorad na macantachd; a' toirt aire dhuit fein nach buairear thu mar an ceudna.—Galat. vi, 1.

NACH beannaichte an teagasg gràdh Chrìosd do pheacaich bhochd, chiontach, a thuit, agus a thoill ifrinn! agus 'an aite bhi togail suas an sùl ann an dórainn shiorruidh, aig a bheil cuireadh is ath-chuireadh tigheachd gu saor gu Tobar na trocaire chum's gu'n nighear air falbh àm peacannan uile, agus gu'n deanar geal àn anamannan ann am fuil an Uain.

“ A!—deir am peacach bochd faiteach cùl-sleòmhnach,—faodaidh sofreagairt gu flòr mhaith dhoibhsan nach do chiontaich cho trom 's a rinn *mise*,—'an aghaidh an t-soluis,—agus eòlais,—agus 'an aghaidh fàirtheanadh* mo choigais fein,—agus eadhon 'an aghaidh tùr-nadarrà mo dheagh-thuigse féin : Ochan mise !—cha bhuin na geallanna gràs-mhor sin DOMHSA.” Ciod a thubhairt thu ? Cha bhuin iad DHUITSA ! C'ARSON ? An e gu bheil *dorus* na Tròcair cho cumhann 's nach faigh thusa troimhe ? An e gu bheil fuil Chrìosd cho *neo-bhrìgh'or* ' is nach teid aice air do thruailidheachd-*sa uile* 'ghlanadh, ged robh thu deich mìle uair na's *miosa* na ta thu ?

An cuir thu teagamh ann am facal caomh, misneachaidh ATHAR ghràdhaich, a ta le *sùil* iomagainnich ri faire ort, a taosgadh a-mach cuiridh ghràs-mhoir, ag ràdh, “ Ciamar a leigeas mi dhìom thu ? O Ephraim, till ris an Tighearna do Dhia oir cha chuir mise 'an gnìomh gairge mo chorrùich ; cha sgrios mi Ephraim ; chionn is mise Dia, agus cha duine. Thugaibh leibh briathran, agus tillibh ris an Tighearna, agus aidichibh ur peacannan.” — Agus a-rithisd a pheacaich thruaigh, faic ciod a thaisg Dia gu caomh suas air chionn ä leinibh anfhainn fo theinn a' pheacaidh ;—cha 'n e slat ; —cha 'n e mollachd ; ach briathran milis, caoin, tròcaireach, a their e ('s e feitheamh ri d' thigheachd) a thoirt misnich do d' chridhe leòinte, —“ Leighisidh mise ä chùl-sleomh-nachadh ; gràdhaichidh mi e gu saor ; oir phill mo chorruich air falbh uaithe.”—Hosea xiv, 4.

An dean thu màirneal mionaid, mata?—do an diùlt thu an tròcair sin a ta 'ga tairgse cho saor LEIS-SAN ata feitheamh gu bhì gràs'or ? An cùm thu DIA a' feitheamh riut ? O ! a chomh-pheacaich ! tilg gun dàil thu fein aig stòl ä choise, far a bheil, mar an ceudna, Crìosd e féin a' feitheamh riut gus do ghlacadh le 'ghràdh maitheachail.† Leighisidh ESAN gach UILE éucail, gach UILE pheacadh :—agus tha e fad-fhulangach eadhon ri diù nan diù. Cha tilg e thusa air falbh.

* Sanuis, carail.

† Maitheanais.

Sith do Chogais Chiontaich.

Shlànaich do chreidimh thu ; imich 'an ΣΙΤΗ.—Lucas
vii, 50.

CHA do chuir am boirionnach bochd so, *oibrean* maith sam bith 'an gnìomh, roimh 'n àm so, a bheireadh air an Tighearna taobh a bhi aige rithe,—ach thainig i d'ä ionnsaidh comhluath 's a mhothaich i *dearbhadh* air a peacadh :—*chreid* i gu'n robh cumhadh aigesan *maitheanas* a thoirt dhi :—agus *fhuair* i *maitheanas* gun dàil, ged à bha a peacannan *lionmhor*.

'Nis a chomh-pheacaich,—tha 'an so *agadsa* gach misneach a's comasach a bhi, deanamh mar rinn ise chum's gu'n ruig thu air a' bheannachd cheudna, air an trocair cheudna, air a' mhaitheanas cheudna. Tha Crìosd cho deònach *an diugh*, 'sa bha e o cheann 8 ceud deug bliadhna, furan agus maitheanas a thoirt do gach peacach fein-dhitte a thig h-uige, a dh'-iarraidh fàsaidh agus fuasglaidh : agus cha chuis-bhacaidh dhuit e tighinn h-uige ged tha do pheacannan anabarrach duaichnidh, agus ged do lean thu annta iomad bliadhna ; tha cumhadh, gràdh agus tròcair Chrìosd, gu mor a' toirt barr air peacannan an *t-saoghail uile*.

Tha e gle chosail gu'm bu bhana-pheacach ro chomharraichte am boirionnach bochd ud a thainig far an robh an Tighearna, té do'n dream bu shuairiche fad ioma bliadhna ; gidheadh cha d'fhuair i béum no beulom air ä shon sin ; cha d' rinneadh eadhon luaidh air *gnè* à cuid ciont (Esec. xxxiii, 16) agus 'an àit' i bhi iar à fuadach air falbh ann à h-aingidheachd, 's ann a choinnich i ri gaol agus tròcair a mhaith dhi à ciont, agus a dh'iarr oirre falbh ann an *sith*.

Faodaidh an earrann so tachairt air créutair bochd eigin de bhoirionnach, a ta, ma dh'fhaoite, cho truailidh agus cho diblidh, diù, ris an té 'chaidh iomradh, té a chaidh moran d' a beatha ann an slighe shuaraich shalaich—ach cha'n eil fàth eu-dòchais aice—is ionnan do Chrìosd fathast ; tha e lan tròcair ; lan firinn ; agus “*saoraidh e chum na crìche 's faide mach gach uile a thig gu Dia trid-san.*”

A h-uile peacach bochd a *dh'iarras* maitheanas 'nä pheacadh, le rùn cridhe gu'n *tréig* e e, gheibh e maitheanas *ann am priobadh*. Tha an Tighearna daonnan *toileach* maitheanas a thoirt seachad. Faic cùis an Lobhair thruaigh ann am Marc, an i. chaib. r. 41, 42.

Maitheanas do'n Chiontach.

Glan mi le hisop, agus bithidh mi glan ; ionnlaid mi agus bithidh mi na's gile na'n sneachda. Falaich do ghnùis o m' pheacaibh, agus dubh as m' éuceartan gu leir.—Salm li, 7-9. Ged robh ur peacannan (dearg) mar sgarlaid, nithear cho geal ris an t-sneachd iad ; ged robh iad (trom dhearg) mar chorcur, nithear geal iad mar olann.—Isaia i, 18.

Dhubh mi as mar neul d'euceartan, agus mar cheo do lochlán ; pill rium oir shaor mis' thu.—Isa. xlv, 22.

CHA chòir dhuinn fuireach air falbh o Chrìosd, dh' aindheoin ar tuislidhean agus ar coireannan iomadach ; thilgeadh sin sinn fo'n lagh a-rithisd agus cheangladh e sinn fo dhiteadh ; ach bu chòir dhuinn sinn fein a strìochdadh air ball 'am fianuis Dhé, agus maitheanas iarraidh gu dùrachdach, air sgath fala Chrìosd. Mar is faide chuireas sinn dàil ann an so, is ann a's miosa 'dh' fhàsas ar cor ; agus mar a's luaithe 'nì sinn e, 's ann a's luaithe 'gheibh sinn maitheanas. A thaobh's nach eil an Tighearna 'g agairt oirnn nam peacannan sin as 'na ghabh sinn dearbh-aithreachas, tilleadh ar n-anam a-rithisd g'ä fhois : agus 'an àite dhuinn tuiteam (mar shaoileas cuid) ann an tèaruinteachd fheòlmhor, 's ann a neartaichear ar creidimh agus a nithear sinn na's furachaire. Greas, ma ta, agus thig cho luath agus cho maith 's a 's comas dhuit. Gabhaidh ESAN riut ged nach bu chomas dhuit dìreach ach snàgan.

Gabh impidh tighinn dìreach mar thà thu ; 's e sin dìreach an ceart chor anns an gabh Crìosd ri peacaich. Na'm bu chomas dhuit ä dhearbhadh gu bheil thu ann a leithid de chor 's nach bu chomas tròcair idir a nochdadh dhuit, bhiodh lethsgèul agad dàil a dheanamh, chum 's gu'n oidhirpicheadh tu air thu fein a dheasachadh ; ach cha ghabh sin deanamh. Ann an sealladh Dhe cha 'n aindeise idir d' aindeise-sa ; mar a's miosa do chor, 's ann a's mò tha dh' aobhar agad grad thoirt ort gu Crìosd ; agus mar a's faide dh' fhanas tu air d' ais, is ann a's cunnartaiche 'chuis.

Fireanachadh Saor.

Am peacannan no àn euceartan cha chuimhnich mi tuille.—

Eabh. x, 17. Ier. xxxi, 34. Isa. xliii, 25. Esec. xxxvi, 25-29. Mica. vii, 19.

ANN an saor-fhireanachadh peacaich 'am fianuis Dhe, ann a bhi 'gabhaill ris, agus a' toirt dha sith cogaise, tha 'n soisgeul a' taisbeanadh à chumhachd fein a chum slàinte. Tha e a' teachd dh'ionnsaidh a' pheacaich aithreachail mar fhrithealadh na fireantachd,—mar ghuth réite agus sithe. Tha e a' fosgladh dorsan a' phriosain, agus a' toirt à chead do'n chiomach. Bu làidir cumhachd an *lagha*; ach, ann an coimeas ris an *t-soisgeul*, bu laigsinn an lagh, agus cha bu chomas dha ni sam bith a dheanamh foirfidh. Bu chumhachd *gu sgrìos*, neart an lagha. Is cumhachd a *bheir bèd*, cumhachd an *t-soisgeil*. Cha b'urrainn do'n lagh, ach an duine bha fotha roimhe, a *chumail* fotha; cha b' urrainn da gu brath beatha thoirt dha a-rithisd. Ach is treasa gu mòr a' chumhachd a bheir *beatha*, na a' chumhachd a bheir bàs. Tha 'n soisgeul mar so cumhachdach gu dol seachad air easaontas 'us air a' pheacadh;—air saorsa thoirt do na h-anamaibh a ta 'n sàs, agus air dànachd a thoirt, 'am fianuis Rìgh nan Naomh, do phriosanaich thruagh an Diabhoil. An uair a bheirear cridhe a' pheacaich fo chumhachd an *t-soisgeil* le feairt an Spioraid Naoimh, bheir e air falbh uallach à chionta; cuiridh e tosd air gach iomchair; lionaidh e 'n creideach le misneach an dòchais; toirmisgidh e do gach ball-armachd soirbheachadh 'nà aghaidh; agus ditidh e gach teanga a ghluaiseas ann am breathanas an aghaidh anama. Am fireanachadh a ni an Soisgeul—tha e buileach agus iomlan. *Uile pheacannan beatha iomlan duine*, cia bith lionmhor iad, cia bith *antromaichte*, tha iad iar an *dubhadh as*, ann am priobadh, agus sin gu sìorruidh. (Lucas vii, 47.) Co chuireas ni sam bith à leth pobull taghte Dhe? 'S e Dia a dh' fhireanaicheas. Co e a dhiteas? 'S e CRÌOSD 'fhuair bàs; 's e b'aille leam a ràdh, a dh' éirich a-rithisd;—a tà aig deas laimh Dhe gu sìorruidh; agus, far am beil Crìosd, 'an sin is éigin d' à luchd-leanmhainn a bhi mar an ceudna.

Anns a' chaochladh iomlan so air dàimh peacaich ri Dia, tha an soisgeul a' taisbeanadh a mhor-chumhachd fein, tha e a' tionndadh faobhar a' chlaidheimh-bhreathanais gu taobh, agus a' deanamh aoibhneis e bhi buadhachadh thair diteadh; a' bhi saoradh anama o eagal,—o chunnart,—agus o'n bhàs:—tha e taisbeanadh gur h-e cumhachd Dhe e a chum SLAINTE. A pheacaich! Dean aoibhneas.

Naomhachadh.

Naomhaichibh an Tighearna Dia ann 'ur cridheachaibh.
I Pheadar iii, 15.

THA mòran ann a ghabhas gu toileach ri teagasg an *fhireanachaidh*, trid creidimh (Rom. iii, 28), ach nach 'eil cho fìor thoileach gabhail ri teagasg eile ata co-ionan cudthromach, 's e sin *naomhachadh*, le còmhnuidh bhi aigan Spiorad naomh a stigh 's a' chridhe (I Chorint. iii, 16, 17), no, ann am briathraibh eile, Criosd a bhi daonnan 'n àn taobh a-stigh 'mar an fhionain fhìor. (Eoin xv, 4, 5.)

Cha'n eil còir, no ùghdarras idir, o'n sgrìobtur naomh aig neach air bith, a smaoineachadh gu bheil e fein air *fhìreanachadh* mur h-eil e fòs air à *naomhachadh* agus a' dearbhadh sin le giùlan 's le caitheamh-beatha ath-nuadhaichte. Cha dean caochladh sam bith o'n leth *a-mach* féum; is obair o'n leth *a-stigh* a dh'fhéumas a bhi ann, a dhùisgeas fuath do gach uile smuain, do gach uile bhriathar, agus do gach uile gnìomh peacach. Cha 'n e mhàin gu'm féum sinn gach uile *choslas* uile a sheachnadh, ach 's ann is fhéudar dhuinn gràin a bhi againn do uile thograidhean peacach ar nàduir, agus cath 'nàn aghaidh;—uile thograidhean an duine o'n leth stigh,—far nach comasach do shùil sam bith, ach sùil Dhé, dearcadh. Cha dean biùthas no deagh-bharail ar co-pheacach ach ar mealladh gu truagh, mur bi ar cogais aonsgeulach leinn, a' toirt fianuis gu bheil fadal agus miann dùrachdach òirnn a bhi air ar *naomhachadh* o gach uile shal,—air chor's gu'm bi ar n-imeachd gu dearbh dlù air DIA.

Féumaidh sinn sinn-fein a sgaradh gu buileach o gach uile ni *mi-naomha* ann an gnìomh 's ann an *smuain*; agus is fhéudar dhuinn, mar an céudna, dùlan tréun a thoirt do sgeig 'us do bhùrd ar seann chompanach, agus an t-saoghail, na'm bu mhiann leinn deagh-ghean Dhe a mhealtainn, no teachd beò chum à ghlòire (2 Timo. iii, 12). Cha dean leth-obair féum: féumaidh sinn a bhi *uile* air taobh Dhia: 'an sin siùbhlaidh ar sith mar abhainn; 'an sin "ath-ùraichear sinn ann an spiorad ar n-inntinne;" 'an sin cuiridh sinn umainn an *nuadh* dhuine, ata, do réir Dhé, air à chruthachadh ann am fireantachd agus fìor naomhachd—oir, as éugmhais NAOMHACHD cha'n fhaic duine sam bith Dia.

Fhìr-aidmheil neo-chùrainnich!—bi air d' fhaicill nach dean thu faoineis de naomhachd, no de'n pheacadh: ma ni thu dearmad air an aon, no ma chleachdas tu 'n t-aon eile, tha sin co-ionnan gu d' sgrìos (Séum. iii, 8). Dùisg a chum

fireantachd, agus na peacaich ; oir tha mòran ann ata 'nàin nàimhdean do chrann-céusaidh Chrìosd—a ta ri uaill as àn nàire,—daoine aindiadhaidh do'n ceann-criche sgrìos. Na *bithibhse* mar iadsan, ach *naomhaichibh* an Tighearna ann bhur cridhe, agus cumaibh sibh-fein ann an gràdh Dhé gun smal o'n t-saoghal, agus ur dùil ri gràs ar Tighearna Iosa Crìosd chum na beatha mairionnaich ; agus gu'n deònaicheadh Dia dhuibh a' bheannachd so,—air sgath Chrìosd amhàin. Amen.

Mathanas do dhiu nam peacach.

Thainig Mac an duine a shireadh agus a THEARNADH an nì sin a bha CAILLTE. Lucas xix, 10.

'S E so an turas caomh air an d'thainig Mac siorruidh Dhia, Teachdair na sìthe, am *Fear-réite* eadar Dia agus daoine, "A *thèarnadh* na bha CAILLTE!!" Tha ni-eigin uamhasach mòralach anns an tròcair ata 'n so air á gairm. "A THEARNADH na bha CAILLTE!" Ciod?—Na dù-bhaobhan? Na dù-pheacaich? An tèarnar iad sin? Tèarnar; na h-uile h-aon a thig gu IOSA—*tèarnar gu dearbh iad*; oir chuir e-féin 'an céill gu 'm maithear gach uile ghnè pheacadh agus thoibheum do'n *fhìor* AITHREACHAN. (Mata. xii, 31.) Pol, a bha 'nà fhear-toibheum, chaidh sin a mhathadh dha, agus à chur 'an dréuchd Searmonaiche, a shearmonachadh an t-soisgeil do shaoghal *caillte*, (Gal. i, 23; 1 Tim. i, 12-16.)

Seall an àird, mata, a pheacaich bhochd, co sam bith thu, no cia sam bith mar pheacaich thu 'an aghaidh Dhia,—seall 'an àird, agus creid anns an Tighearna Iosa Crìosd, agus theid *thusa* gu cinnteach a thèarnadh; chionn chuir Esan fein an céill gu'n d' thainig e thèarnadh do LEITHIDSA. Dean *aithreachas*, mata, chum's gu'n dubharas do pheacannan (Gnìomh ii, 12.) Tèarnar a h-uile fìor aithreachan. Bu pheacach mòr MANASSEH—mortair (2 Rìgh. xxi, 16), ach ghabh e aithreachas, agus fhuair e maitheanas. Chaidh maitheanas a thoirt do mhiltibh de *luchd-misce*, de *luchd-mhionn*, 'us de *mhà-chreidich* ('an deigh *aithreachais*) agus àn gabhail a-stigh do rìoghachd nèimh. Seall an àird, mata, a pheacaich bhochd fhaiteich; dean *aithreachas*, agus *creid* deònachas* Dhia air *thusa* mar an ceudna ghabhail g' à chaoimh, agus cha tilgear a-mach thu. Cha chomas do nì sam bith do sgrìos ach *mi-chreidimh*. A

* B'i toil an Tighearna an earrann so a dheanamh 'nà meadhoin air òganach iompachadh a bha 'nà shruthaire scaireapach. Dh' éug e a' deanamh aobhneas ann an Crìosd. Do'n TIGHEARNA gu'n robh 'n cliù ULA.

* deòin, toil

mhàin thig gu IOSA mar pheacach truagh cailte, agus gheibh THUSA slàinte—tha so *cinnteach*. Amhairc air CRIOSD, agus bi air do shaoradh.

Maitheanas do naimhdibh Dhe!

Amhaircibh ormsa, agus bithibh air bhur saoradh, 'uile chrìochan an t-saoghail. Isa. xlv, 22. Sibhse 'ta 'n ur naimhdean do Dhia!! Rom. v, 10. Fad as, a' comhlionadh iarrtasan na fèdla agus na h-inntinne. Eph. ii, 3, 13. Iarraibh-se an Tighearna. Isa. lv, 6.

O! THUSA, a pheacaich chiontaich, throm-luchdichte, cluinn an cuireadh beannaichte so: cluinn guth Dhia! Amhairc air, mar Dhia a ta réith riut trid fuil Chrìosd. Cluinn guth na tròcair ta 'gairm gu ruig fìor iomallaibh na talmhainn; a' gairm air a' Mhisgeir, air an Toibhéumaiche, air an Eascreidmheach, air na h-aingidh de gach uile ainm agus inbhe;—a' gairm air na h-uile Ceannairceach dalma seachranach e dheanamh *äthreachais*, agus roinn a ghabhail de 'n tròcair sin a ta 'marsainn gu sìorruidh!

Ged a chuireadh na h-Aingil naomba air ghléus äm feartean mor-chumhachdach, agus ged a thogadh iad an àird na dàin as binne fonn, gidheadh, cha bu chomas dhoibh luaidh iomchaidh a dheanamh air anabarras a' ghràidh sin a thug Dia do pheacaich.

'S e DIA amhàin—do'n aithne gràdh Dhé. 'S ann DASAN amhàin a's aithne anabarras ä thròcaire féin,—ach 's aithne *dhuinne* gu bheil i làn-phailt air son ar féuma-ne,—agus nach comas do pheacach truaillidh sam bith teachd gu Dia ann an diomhanas ma thig e ann tre Iosa Crìosd.

An dean thu moille, ma ta? An dean thu fuireach? An dean thu stad? Am bheil thu a' *diùltadh* dol a-stigh do neamh? An annsa leat an t-slighe chas a ta 'g aomadh sìos do dh-IFRINN!!! O! a pheacaich! stad,—stad,—agus pill gu DIA. Na h-amhairc air do pheacaibh, ach seall air CRIOSD. Theagamh gur h-e 'm *Màireach*—do chrìoch. Iarr Crìosd *an diugh*: 's a' cheart uair so: 's a' cheart mhionaid so,—agus teich air son do bheatha;—*teich*, mu'n iath lasraichan na h-ifrinn umad, 's mu'n caillear t-anam gu sìorruidh.

Air raon an t-soisgeil stad, a pheacaich,
Faic Mac Dhia a' taisbean gràidh
Do-labhairt ' fhulangais, 's gach sochair
Rinn e chosnadh dhuit le ' bhàs.

Maitheanas do na h-Aingidh. Faic Esec. xviii, 21, gu deireadh; agus xxxiii, 11. Rannsaich iad sin.

Luchd a' chridhe Bhriste.

Chuir an Tighearna mi a shlànachadh muinntir a' chridhe bhriste. a shearmonachadh saorsa do na ciomaich, a chur fa sgaoil na muinntir a ta sàraichte. Lucas iv, 18.

A LEUGHADAIR!—Theagamh gur bantrach bho chd thùrsach thu, a ta 'caoidh neach bu ghràdhaiche leat na do bheatha féin;—neo, theagamh gur duine tiom-chridheach thu, a chaill, o cheann ghoirid, té bha 'nà cul-aoibhneis do d' shùilibh, céile do shòlais agus do bhròin.—Ach cò sam bith thù, a chàraid, neo cia bith docair a tha 'cur ort, tha AON neach 'an so a tha toileach agus ullamh à togail uile dhìot, agus do chridhe briste a shlànachadh; tha e deònach air do bhròn a thionndadh gu òran molaidh, le e-féin a thiodhlacadh ort mar làn éirig air son do challtachd gu léir.

An ceart sgaradh so a tha thu 'g acain, ged is beachd leatsa gu bheil e dorcha, diomhair, theagamh gur meadhoin e gus do threòrachadh gu slighe na slàinte, ma shléuchdas tu aig stairsneach na tròcair. Nach robh thu a' deanamh dearmad air mòr-shochairibh d' anma, 'n uair bha gach cùis a' soirbheachadh leat? Nach tric a leig thu seachad cothrom air ùrnaigh a dheanamh, agus air cliù a sheinn? Nach bu truime do chion air a' chréutair na air a' CHRUTHADAIR? Agus nach do chaidir thu gnothachas peacach 'an àite bhì 'g àrach naomhachd? Theagamh gu'n robh thu 'd mhisgear, 'ad fhear mbiannan, no 'ad chùl-sleamhnaiche, agus gur h-e sin fàth mu-n bheil thu 'd sheasamh le cridhe briste 'am fianuis an Tighearna. Ach nach 'eil comaire dhuit ann? Seall air toiseach na h-earrainne so, a tha cho freagarrach do d' chor muladach,—agus tilg thu-féin aig casaibh an Tì a theirinn á nèamh “a chur na muinntir bhrùite m'a sgaoil,—a shearmonachadh saorsa do na braighdibh, agus a leigheas luchd a' chridhe bhriste, agus, cia bith suarach 's a bha thu, cha tilg e uaithe thu, agus cha leig e air falbh thu gun bheannachd.

Thig, a lobhrain, glac an t-àms'
A dhearbhadh gràdh mhic Dhé;
Is miann le ghaol do chobhair,
'S ann an comas tha e tréun.

Cha 'n urrainn peacaich, a chaoidh, a bhì cho toileach àn leigheas, 's a tha Crìosd air àn leigheas a dheanamh.

Fois do'n mhuinntir Sharaichte.

Thigibh h-ugamsa, sibhse uile a ta sàraichte, agus BHEIR
MISE DHUIBH FOIS. Mata. xi, 28.

ANN an so, tha Esan d'an urrainn amhàin uallach na ciont agus a' pheacaidh a thogail dhinn a' toirt saor-churadh do gach uile pheacach sàraichte, trom-luchdaichte;—cha'n e amhain gu'm *faod*, ach *féumaidh* gach uile neach a tha fo throm a' pheacaidh teachd gu Iosa, sacaichte le cionta mar a ta e, ma's dùil leis gu'm faigh e maitheanas. Fhad's a bhios sinn ag oidhirpeachadh air sinn fein uidheamachadh le bhi deanamh *deasachaidh* naomha dol h-uige, 's ann a tha sinn a' lionadh na slighe le *cip-thuislùdh* a ta bacadh ar n-anama o ruigsinn air slàinte Chrìosd. Is miann le Crìosd thoirt oirnn *creidsinn* ANNSAN a ta fireanachadh nan *ain-diadhach*, agus uime sin, cha'n eil e 'g iarraidh gu'm bitheamaid diadhaidh *mu'n* creid sinn; thainig esan mar léigh do na daoine *tinne*, agus cha'n eil e 'g iarraidh air chor sam bith gu'm biodh a' bheag de'n t-slàinte air à h-aisig dhoibh *mu'n* tig iad d'a ionnsaidh féin. Tha na peacaich a's diùtha 'th'ann, deas-fhreagarrach air teachd fo'n innleachd thròcairich so,—innleachd do'n rùn anabarras saibhreas à ghràis-san a thaisbeanadh, a' maitheadh ar peacannan agus 'gar tèarnadh gu saor. Eph. ii, 5-9. Cha mhasladh sam bith e do Chrìosd, agus cha dimeas no tàir e air ceartas no air naomhachd Dhé, sinn a thighinn chum an t-slànuighir '*nar peacaich thruaillidh*; ach is tàir agus dimeas air gràs slàinteil, air toillteanas agus air lànachd Iosa e, sinn oidhirp a thoirt air sinn-fein a dheanamh fireanta agus naomh, mu'n gabh sinn ri Crìosd e-fein, agus ri làn naomhachd agus làn-fhireantachd *annsan* trid gràis.

A pheacaich a ta trom fo chràdh,
Thoir ort gu Crìosd 'us gheibh thu slàint,
Tha aige air gach galar buaidh,
'S cha diùlt e fòir do through nan truagh.

Rannsaich na h-uile teagasg a ta air àn cur sios 's an leabhreachan so. Bheir sin dhuit sòlas, agus dearbhaidh e na firinnean a ta so air àn ainmeachadh.

Cumhachd Chrìosd mar Lighiche.

Slànaich mi, O! Tighearna, agus bithidh mi slàn. (Freag-airt Dhia :) Is mise an Tighearna d' fhear-slànachaidh. Ecsod. xv, 26. Iadsan a ta slàn cha'n eil féum aca air lighiche. Mata. ix, 12. Chunnaic mise a shlighean agus slànaichidh mi e. Isa. lvii, 18 ; xliii, 3 ; lxi, 1. Leighis e na h uile neach a bha euslan. Mata. viii, 16.

LE bhì leigheas gach éucail chorporra thug Crìosd seachad comharradh air ä chumhachd 's air ä ghràs, gu'm b'urrainn 's gu'm bu mhiann leis uile éucailean spioradail ar n-anamannan a leigheas, a dh' aindeoin än olcais agus än cunnairt. Uime sin, leig thu-fein gu buileach thairis f'ä chùram ; tha tuigse aigesan air do ghalar, agus nì e gu cinnteach d' aiseag gu fallaineachd. Tha e air mòran a leigheas mar thà ; seadh, gach uile aon a dh' iarr riamh air e, shaor e o'n annmhuinneachd. Cha chomas dhuit gu bràth a bhì ann an cor tuille a's olc no truagh air a shon-san. Tha e do ghnàth toileach agus comasach furtachd a dheanamh. Mar is miosa do chor-sa, 's ann is mò a thruas-san agus fhoighidinn riut. 'S e ä dhòigh-san, mu'n slànaich e sinn, a thoirt oirnn a làn-thuigsinn gu bheil sinn euslan, agus ar leòintean a dheanamh na's farsainge 's na's farsainge. Ach, a thaobh's gur ann an sin a's mò ar féum air an lighiche, 's ann is dùrachdaiche 's fhéudar dhuinn aslach air, cuideachadh leinn,—agus air chinnte ceanglaidh e suas sinn a-rithisd, agus nì e ar leigheas ; cha'n ann mar chòmhlamh, ach uigh air 'n uigh ; gu tric—gu h-athaiseach,—ach gu h-iongantach, ach mu dheireadh, gu buileach ; oir leighisidh e gach uile ghalar eadhoin na galair a's do-leighise.

An uair a thuigear gu maith an soisgeul (an deagh sgeul sin a thainig o neamh) agus a ghabhar gu dleasanach ris, casaidh e an cridhe 'an aghaidh gach uile pheacaidh, agus cuiridh e tìr-stad air cead a bhì 'gä *chleachdadh* ; agus aig an àm chéudna, bheir e foigh ro bheannaichte do chogaisibh leòinte na dream a ta 'näm peacaich, le bhì mèudachadh än dòchais agus än dearbhachd gu'm faigh iad maitheanas trid an Fhìr-tagraidh bheannaichte sin a ta againn far am bheil an t-Athair, eadhoin Iosa Crìosd, am firean, a's e an iobairt-réitich air son *ar peacannan-ne* ; agus cha n e sin amhàin, ach air son peacannan an t-saoghail uile. 1 Eoin ii, 1, 2.

Eolas air ar Slainte.

Tha FIOS againn gu bheil againn togail o Dhia, tigh nach d'-rinneadh le làmhaidh, siorruidh anns na nèamhaibh,—oir 's a' (bhothan) so tha sinn ag osnaich. 2 Corint. v, 1, 2, 4.

Is beannaichte an nì e, ar faotainn ag imeachd ann an slighe na slàinte, ach is nì e a's beannaichte gu mòr, FIOS a bhi againn gu bheil sinn ag imeachd innte, agus gu bheil gach ag agus eagal air an réiteach air falbh, chum's gu'n dean sinn daonnan dol romhainn 'nar dian-shiubhal, ri h-aoibhneas anns an Tighearna, ar neart, ar bun, agus ar n-earbsa.

Seadh, mata, a charaid, rinneadh am paiper so a sgrìobhadh air do *shonsa*, le fear a tha nise fad ioma bliadhna a' siubhal air an t-slighe gu Sion, 's e fo smuairin, 's fo gheilt nach d' amais e, ma dh' fhaoidte, air a chasán cheart, agus nach ruig e fadheòidh air a' ghloir shiorruidh.

Ciamar, ma ta, a ta dearbh-FHIOS againn gu bheil togail againn o Dhia,—gu bheil còmhnaidh deasaichte DHUINNE? còmhnaidh do'm faigh sinn gu *cinn-teach* astigh, agus 'sam bi sinn gu bràch maille ris an Tighearna? Am bheil thu 'g *osnaich* anns a' bhothan thalmhaidh so—air son do pheacaidh? Am bheil fìor *ghràin* agad air a' pheacadh? An dealaicheadh tu ris na'm b' urrainn thu? An i *naomhachd do'n Tighearna* cion d' anma? Ciod ma's i, is cion fàth do'n nuadh-mhothachadh sin, a ta cho calg-dhireach 'an aghaidh na b' àbhaist dhuit, aon uair, fhaireachdainn? A charaid, 's e earlas air an Spiorad Naomh a ta ann. (2 Cor. v, 4. 5.) Cha deanadh tu gu bràth *osna* mu d' pheacadh *mur biodh* agad an *earlas* beannaichte so air an aoibhneas a thig ort 'nà dheigh. Am bu *ghnàth* leat a bhi mar tha thu 'n tra so? 'S e 'n t-anam *ath-nuadhaichte* a mhàin a fhreagras—CHA B'EADH. Is dearbhadh beannaichte so agus culaidh-mhisniche dhuitsa, a cho-imiche do Shìon, gur *créutair nuadh* thu gu dearbh, aig a bheil mor-chòr air iobairt agus air fireantachd Chrìosd, agus gur h-oighre air slàint' thu.

Glac so mar fhurtachd agus mar shòlas,—gur h-earlas e air Spiorad Dhé 'bhi 'g oibreachadh annad, iomagainn a bhi ort, fios do chor a bhi agad, agus leis a so gu'm faod thu dearbh-FHIOS a *bhi* agad gu'n deachaidh do shéuladh 'n ad oighre air glòir. (Galat. iv, 6, 7.) Glac so mar fhurtachd, agus bi taingeil, agus cuimhnich nach fàg, agus nach diòbair Dia gu bràth iadsan do'n dean e aon uair à chùmhnannt fhoillseachadh. Salm. lxxxix, 27-34; Rom. viii, 38, 39; Philip. i, 6. Rannsaich gach teagasg dhu so.

Maitheanas Pailt.

Tréigeadh an t-aingidh ä shlighe agus an duine éacorach ä smuaintean, agus tilleadh e dh' ionnsaidh an Tighearna agus nà e trocair air ; agus dh' ionnsaidh ar Dia-ne, oir bheir e maitheanas gu pailt. Isa. lv, 7.

A LEUGHADAIR,—an duine aingidh THUSA ? Amhairc, le h-loghnadh agus buidheachas, air an tròcair a ta ullaichte, eadhon air do shonsa ; agus cha'n e a-mhàin tròcair, ach làn-mhaitheanas á d' pheacaibh agus as d' eusaontais lionmhor gu léir, cia bith an àireamh no àm meud. Ach, los coir fhaighinn air an àrd-bheannachd so, féumaidh tu do shlighean peacach agus do dhroch smuaintean a threigsinn, agus tilleadh ri Tighearna na beatha agus na glòire. Tha esan 'nä sheasamh, deas le pailteas gràis gu gabhail riut, agus e a' caomh-ghealltainn dhuit nach toirear air do pheacaibh iomradh. (Esec. xviii, 22.)

Dùisg, mata, as do dhùiseal, agus tilg thu féin aig casaibh IOSA ; grios airsán ä thréun-chumhachd a ghnàthachadh gus do shaoradh o na peacaibh 's an fhusa leat tuiteam. Tagair ä ghealladh féin,—“nach tilgear a-mach neach sam bith (air a thruimead 's gam bi ä chiont), a thig a chum Dhia tridsan.” Cha chomas dhuit tuille urram a chur air na teachd d' ä ionnsaidh, peacach mar thà thu, agus creidsinn 'nä fhacal, a ta gealltainn,—“co air bith a chreideas agus a theid a bhaisteadh gu'n teàrnar e.” Creid, mata, agus bi THUSA air do thèarnadh ;—ach cuimhnich mar an ceudna,—“esan nach creid gu'n teid ä dhiteadh.”

Aslaich air an Tighearna e bhuileachadh ort feairt ä Spioraid Naoimh féin, a naomhachadh d' anma, agus a dhearbhadh a' pheacaidh ort ; 's ann 'an sin (agus 'an sin a-mhàin) a mhothaicheas tu d' fheum air slànaighear, agus a dh' fhòghlumas tu meas a bhi agad air ä luach, luach a's priseile leatsa na an saoghal gu h-iomlan.

Thigeam, a Thighearna, dh'iarraidh do ghnùis,
 Dòirt orm frasan de d' ghràsa as-ùr ;
 O mothaicheam m' anam le d' spiorad ath-nuadh,
 'S mo pheacadh air ionnlad 'am fion-fhuil an uain !

Peacaich air an reiteachadh ann an Criosd.

Air an aobhar so tha mi 'lùbadh mo ghlùn ri Athair ar Thighearna Iosa Criosd, air an sloinnear an teaghlach iomlan air neamh agus air thalamh, gu'n deònaicheadh e dhuibh, á reir saibhreas ä ghloire fein, sibh a bhi air ur neartachadh, &c. Eph. iii, 14, 15, gu rann 21.

Is ùrnaigh agus riaghailt so, a ta iomchaidh do mhinistear-an a ghnàthachadh air son an cuid coimhthional, agus do gach uile Chrìosdaidh air ä shon féin : faodar a gnàthachadh mar ùrnaigh làthail ; bu chòir à cùr suas ann an creidimh, gun a bhi idir 'am beachd, gur tuille 's a' chòir am fàbhar a ta sinn ag iarraidh. Ni Dia as ar leth gu h-anabarrach os ceann na's urrainn sinn iarraidh n'a thuigsinn. Cìod sam bith a dh' iarras sinn, bheir esan dhuinn tuillidh ; chionn, ged is peacaich sinn, gidheadh choisinn Iosa tìodhlacan air son pheacach. Agus do gach aon againn (7 rann) bheirear gràs á réir tìodhlac Chrìosd, chum's gu meal sinn gach ni gu saibhir, do bhrìgh gu bheil Criosd saibhir ris gach uile neach a ghairmeas air. O ! a Dhia, is tu ar n-Athair, air do réiteachadh ruinn ann an Criosd : deònaich dhuinn, uime sin, cumbachd, mòr-chumbachd, a réir saibhreas do ghloire féin, agus ni h-ann a réir cumhainge ar crìdheachan-ne ! Tha sinn 'am féum mòr-chumbachd, chionn tha naimhdean tréun againn : neartaich thusa sinn le do Spiorad 's an duine 'an leth a-stìgh. A Thighearna Iosa, còmhnaich thusa 'n ar crìdheachan, agus deònaich dhuinn gun gabh sinn frèumh ann ad ghràdh, chum 's gu'n gabh sinn tuille agus tuille eòlais air, agus gu'm bi e air ä sgaoileadh air feadh ar crìdheachan, agus gu'm bi sinn air ar lionadh le uile lànachd Dhé.

Tha m 'osna riutsa, 'Dhia, gach lò,
'S cha mhaoin no òr 'tha uam,
'S ni 'm miannach leam an léug a's soills'
'S an Ear ri taobh nan cuan.

'S iad fàitean beannaichte do ghràidh
Tha soillseach' Phàrais shuas,—
'S e maoin neochrìochanach do ghràis,—
Na tìodhlaic b'àill leam uat.

Fuasgladh o na peacaibh a chaidh seachad.

Tha sinn air ar fireanachadh gu saor le ä ghràs, tre 'n t-saorsa ta ann an Iosa Crìosd, neach a shonraich Dia gu bhì 'nä iobairt-réite, trid creidimh 'nä fhuil, a dh'fhoill-seachadh fhìreantachd-san le maitheanas nam peacannan a chaidh seachad. Rom. iii, 24, 25.

CIA milis na briathran so—"Tre ghràs (gun toillteanas) tha sibh air bhur saoradh!" Is tobar comhfhurtachd agus naomh shòlais so, a ta 'cur thairis! Ach cia beag eòlais air na briathra sin a th'aig a' chuid a's mò de dhaoine faoin saoghalta, a ta fathast a' teachd beò air na plaoisg! Cia beag blàis a dh'fhairgh'eas ar cuid Chrìosdaidhean fein-fhìreanta, béusail, air na facail sin! Ach O! cia sòghar an lòn a nì peacach truagh acrasach orra! Is ainneamh nì air a bheil aig sluagh cho beag tuigse agus eòlais, 'nä chumhachd agus 'nä dhearbhadh, na tha aca air rùnaireachd fulangais agus bàis Chrìosd air ar son-ne, agus air fireanachadh trid creidimh annsan; ged is e so pàras agus beòlaint nan creidmheach, agus an léug a's buadh'ora a dh'aisig an t-Athleasachadh.—'An àm a bhì labhairt air a' pheacadh, cha leòr idir cainnt agus dealbhaireachd m' ä dheibhin nach dean amhàin ach am mac-meamnuinn a bhualadh; 's ann a dh' fheumas sinn leòintean bàsmhor a' pheacaidh 'j'haireachdainn, trid am marbhar an fheòil, agus féumar na leòin sin a leigheas le dearbh-bhuillean Chrìosd. Cha'n eil rathad sam bith *eile* air,—oir dh'innis Crìosd e fein,—gur *Esan* an *Rathad*,—an *Fhìrinn*,—agus a' *Bheatha*: (Eoin xiv, 6) nach tig neach chum an Athar ach *tridsan*:—gu'n toir *Esan* ä bheatha airson nan caorach (Eoin x, 11), eadhon a' bheatha mhairionnach; ag radh (Eoin x, 28, 29), nach teid iad gu brath a dhith, nì mo is comas do neach àn spionadh as ä laimh fein, no a lamh an Athar. 'An so, a chomh-pheacaich—'an so tha dìongmhaltas dìongmhalta da uair;—agus sin air do *shonsa*—ma's àill leat gabhail ris. Gun deanadh an Tighearna deònach thu.

Truaighe gun Chrich do na Neo-aithrich.

Aig deireadh an t-saoghail, theid na h-Aingil a-mach agus dealaichidh iad na h-aingidh o na fireanaibh ; agus tilgùh siad iad do'n àmhuinn theine ; 'an sin bithidh caoidh agus giosgan fhiaclan. Mata. xiii, 49, 50. Marc ix, 44.

GED a tha iomadh earrann thaitneach anns an leabhran so, a thàladh no a tharraing pheacach a dh'ionnsaidh Chrìosd, a mhealtainn ä ghraidh mhathanaich, gidheadh, cha'n fhaodar a chleith, gu bhèil truaighe shiorruidh a' feitheamh orrasan a dhiùltas an cuireadh gràmhor.

Is e rùn a' phaipeir so sanuis a thoirt do pheacaich 'an aghaidh a' bheachd mheallta sin a ta cho coitcheanta, 's e sin,—a chionn gu bheil Dia tròcaireach, nach dean e peanas air peacaich.

“Tha Dia ann an corruich ris an aingidh gach latha.” Salm vii, 11. Agus “ged a dh'iathadh làmh mu làimh, gidheadh cha teid an *t-aingidh* as gun *pheanas*.” Gnathf. xi, 21.

'S i so cainnt an Scriobtuir—focal Dhia, a ta 'toirt sanuise tròcairich do luchd-easaontais, gun bhuanachadh 'nän diarras, agus gun dùlan a thoirt do lasraichean IFRINN.

Thig, mata, a PHEACAICH ! Seall air an rabhadh so, agus seall ort féin, agus thoir an aire nach eil thus' 'an cunnart dórainne siorruidh. Tog ort, agus mu'm bi e ro anmoch IARR CÒIR ANN AN CRÌOSD ; gabhaidh Esan riut ; cha'n e mhàin gu ro thoileach, ach gu ro aoibhneach, agus dubhaidh e as d' uile pheacannan.

Faodaidh gur h-e so an RABHADH MU DHEIREADH a gheibh thu gu bràth ; gabh ris, mata, le d' chridhe 's le d' anam uile, chum's gu'm bi thu 'ad áithinne air do spionadh as an teine shiorruidh. Deanadh grad-ùrnaigh, air son gràis gach slighe pheacach a thréigsinn, an dearbhadh a th' air d' inntinn an trà so, a leanailt ; agus biodh cinnt agad gu'n dean an Tighearna do *chuideachadh* agus do shaoradh, chionn saoraidh e agus a' chuid a's faide mach gach aon a thig d'ä ionnsaidh trid Chrìosd.

THA SUIL DHIA ORT—GABH RABHADH !!!

Cumhachd Dhia.

Tha searmonachadh a' chroinn-cheùsaidh, dhoibhsan a theid a dhàth 'nà amaideachd ; ach dhuinne 'ta air ar saoradh (dhoibhsan a chreideas) is CUMHACHD DHIA e.

AN teagasg so,—a ta cho aon-fhillte 'nà nàdur,—cho mòralach 'nà fheairtean,—is amaideachd do dhaoine glic an t-saoghail so e—ach tuigear gu soilleir e leòsan a *chreideas*,—ach cha tuig dream sam bith eile e. Rinn Dia roghainn de nithe *amaideach* an t-saoghail so a chur nan *glic* fo amhladh, dream de nach eil mòran 'g àn gairm gu bhì 'nàn oighreachan air glòir—thaobhs' gu bheil àm féinghliocas agus àm fein-bheachd 'g àn druideadh a-mach. Tha an leithidean-san ro àrdanach, 's cha'n fhiù leo teagasg a ghabhail o *Dhia* ; tha iad tuille is glic a chreidsinn gu bheil féum air an *ath-bhreith*,—uime sin tha àn sùilean dùinte air làn-dreòs an t-soluis néamhaidh, ged a tha e dealradh le lannir ghràidh agus thròcaire anns gach àite mu'n timchioll. Cha'n ann le deas-chainnteachd dhaoine a thàrrar peacaich gu Dia, ach is an le amaideachd, (no le firinnean *simplidh*) an t-soisgeil, a shaorar anamannan. I Cor. i, 21.

O ! a charaid !—cia bith thu, no cia bith inbhe 'ta thu 'lionadh 'san t-saoghal,—ma's àrd no iseal thu,—bochd no beairteach,—O éisd ri earail neach a chaidh a shaoradh o 'n mhearachd bhàsmhoir so, agus a fhuair, gu sona, dearbhadh *gur h-e CRIOSD Cumhachd Dhé*—*gur h-e GACH NI* e do pheacach bochd, chum anam a leigheas, agus à *dheanamh réith* ris an Dia bheò.

Cia mòr, ma ta—cia MÒR-LUACHMHOR CRIOSD ;—cumhachd,—neart Dhé!!! CRIOSD, ar saorsa, ar n-IOMA-LAN. I Cor. i, 31.

Cuimnich—nach eil aig ar Tighearna gràsmhor-*ne* meas air pearsaibh no air buidhnibh seach a chéile (Mata. xii, 46-50. Gniomh. x, 34, 35). Tha Criosd a' furan gach UILE leis an gràdh Dia, agus leis am fuath am peacadh,—gach aon dinn, agus an *leithidean* sin aidichidh e air an la dheirionnach. (Mata. x, 32.)

Rannsaich na Scriobturán,—chionn 's ann as an ionmhas néamhaidh sin a thugadh gach uile earail, rabhadh agus misneach a tha anns an leabhrachan so—leabhran ris an d'rinn an Tighearna gabhail gu tròcaireach, agus a rinn e a bheannachadh gu bhì 'nà mheadhoin air na peacaich 'bu ghràineile iompachadh, a ta nise air an deanamh leis-san 'nàn oighreachan air a' bheatha shiorruidh.

Gradh Dhia.

Oir ghràdhaich Dia an saoghal cho mòr agus gu'n d' thug e seachad 'aon-mhac féin air ù sgàth, chum 's cia bith neach a chreideas ann nach rachadh e 'dhith, ach gu'm jaigheadh e a' bheatha mhairionnach. Oir cha'n ann a dhìteadh an t-saoghail a chuir Dia a mhac d'a ionnsaidh, ach a chum's gu'n rachadh an saoghal a shaoradh leis. Esan a chreideas anns a' mhac, cha teid a dhìteadh. Eoin iii, 16-18.

O! NACH robh na briathran priseil sin air àn tasgaidh gu caidreach, aig gach àm, ann ar cridheachan!—O! gu'm b'ann orra a bhiodh ar smuaintean deirionnach trà oìdhche, agus ar ceud smuaintean 'an àm dùsgadh 's a' mhaduinn; agus b'-fhéarr gu'n deanamaid féum dhiu air dòigh 's gu'n socraicheadh iad ar leaba-bhàis ann am feasgar ar beatha, agus gu'm biodh cinnt againn éirigh le h-aoibhneas, maduinn na h-aiseirigh! Agus ciod na smaointean a's beannaichte no a's aoibhniche 's urrainn a bhi air m' aire gach la na so: “Ghràdhaich Dia mise, eadhon mise fein, an uair a bha mi 'm nàmhaid dha; agus ghabh e a leithid de ghràdh orm agus gu'n d' thug e aon-Mhac air mo shon?” Beannaich mi le creidimh ann an Crìosd, an sin is leamsa Crìosd, is leam gach uile nì (1 Cor. iii, 21); chionn esan nach do chaomhainn a mhac féin, ach a iubhair suas e air ar son uile, ciamar nach toir e, maille ris-san, dhuinn, gach uile nì eile gu saor? (Rom. viii, 32.) Cha cheadaich Esan gu bràth, bràth, do dh-anam creidmheach dol a dhith; thug e 'fhacal air sin. Is Esan a ta 'g radh “Cha teid mi dhith, cha ditear mi,” ach gheibh mi a' bheatha mhairionnach, ma chreideas mi. Air so togaidh mi, agus as earbaidh mi gus an uair dheirionnach, mar charraig nach gabh gluasad. Amen agus Amen.

O, seinneadh an talamh 's na neamhan àrd,
Air son a' ghràidh so, òrain chliù;
'S gach sluagh 's a ché, le teangaibh gléust
Ard-sheinneadh séis do Dhia nan dùl.

Gras Dhe.

Ach tré ghràs Dhe ta mi mar a ta mi. 1 Cor. xv, 10. Ath-ghìnte, cha'n ann o shìol truaillidh ach neo-thruaillidh, le facal Dhia. Mar naoidheanan air an ùr-bhreith, iarraidh bainne neo-thruaillte an fhacail chum's gu'm beathaich e sibh. 1 Phead. i, 23, agus ii, 2.

CìOD a rinn an dealachadh iongantach eadar Saul am Phairiseach agus Pol an Crìosdaidh? Rinn Gràs. Ciod a thug air saltairt air 'an t-seann fhìreantachd a bh' aige 'thaobh an lagha, agus a bhi 'g iarraidh bhi air ' fhaotainn ann am

fireantachd Chrìosd? Thug,—Gràs : gràs soillseach. Cìod anns am bheil am fìor dhealachadh a ta eadar an dù bhéusalaiche agus an dearbh Chrìosdaidh? Faodaidh giùlan béusail a bhì far nach eil maoin de ghràs, no urad frèumhaig de naomh-chreidimh slàinteil; faodaidh eagal roimh 'n Tighearna bhì ann, mar sparrar e le teagasg dhaoine, ach cha'n ann le teagasg an Spioraid Naoimh. Faodaidh neach freasdal air riaghailtean a' chreidimh,— an aire 'thoirt do dh-eireachdas o'n leth-muigh,—ainm a bhì dha gu bheil e beò ged tha e marbh; faodaidh àrd-aidmheil a bhì aige, agus aig an àm cheudna e 'nà choigreach do chumhachd na Diadhachd. Faodar iomadh nì tlachdmhor agus cliùiteach o'n leth-muigh a dheanamh, gun aon bheothachadh gràis a bhì 's a' chridhe: leigear fhianuis so air Pol mu'n deachaidh iompachadh. Am bheil agamsa 'n am anam am bun'as so ris an abrar *gràs*? An deachaidh mis' a ghin o'n t-sìol neo-thruaillidh? Am bheil blas leinibh le Dia agamsa? An do bhlais mi gu 'm bheil an Tighearna gràsmhor? Ma bhlais, mata, iarraidh mi bainne neo-thruaillte an Fhacail. Is toigh leis an naoidheachan glanbhanne nan cìoch; bithidh cìon agamsa air bainne an Fhacail fhìor-ghlòin; agus á uchedh sin an t-sòlais deòbhlaidh mi furtachd agus beathachadh do m'anam. 'S e gràdh an Fhìrshaoraidh an cuspair taitneach a bhìos do ghnàth air m'aire; nì sin inntinneach a h-uile car ann an seirbhis Iosa, agus cuiridh e impidh orm m'fhéumalas a chian-sgaoileadh feadh slighe mo bheatha. Nì gràs Dhe ann an Iosa Crìosd, mo bheachd fharsuingeachadh, mo chridhe 'chumail iriseal, agus bheir e orm an cliù iocadh far an dlighear e. O gu ma h-e gu'm fàs mi gach latha le bainne neo-thruaillte an Fhacail, agus gu'n àraichear suas mi chum na beatha mairionnaich! Amen.

Trocair do Pheacaich.

Iarraibh, agus bheircar dhuibh: sìribh, agus gheibh sibh: buailibh an dorus, agus fosgailcar dhuibh; oir gach uile neach a dh'iarras, glacaidh e; agus esan a shireas, gheibh e; agus dhàsan a bhuaileas an dorus fosgailcar. Mata. vii, 7, 8.

ESAN a thig, mar pheacach, dh'ionnsaidh an Dé thròcairich, tre Iosa Crìosd, a dh' iarraidh beannachdan na slàinte d'a rìreamh, agus le ùrnaigh dhùrachdaich, a nì feitheamh agus buanachadh, thaobh's gu bheil ä dhòchas 's an doigh so, 's cha'n ann 'an doigh sam bith eile;—esan a dh'iarras beannachdan spioradail 's a' cheud dol amach, gun dàil, agus e cleachdadh nam meadhoinnean òrdaichte gu léir; agus esan a bhuaileas, 's a nì feitheamh aig dorus na tròcaire, ag

cur roimhe gu'm faigh e 'stigh, no gu'm bàsaich e 'g ä bhualadh—air chinnte theid leis. Tha an gealladh saor agus riochdail : Gach uile neach a dh'iarra, *glacaidh e*, no *gheibh e*.

Air uairibh, *glacaidh*, agus *gheibh* aslachadh mar so, gabhail ris gun dàil;—*daonnan 's an am chòir*: agus cia bith diù 's a bha béus agus biùthas an luchd-aslachaidh roimhe so, cha bhac sin iad an t-sochair fhaotainn; oir esan a dh' fhosgail an t-slighe air a bheil bealach aca, 's e a theagaisg dhoibh teachd oirre, agus diolaidh ESAN gu fial, agus cha mhaoidh e.

“Fosgail do bheul gu farsaing,” deir an Tighearna, “agus lionaidh mis'e. “Iarraibh fhad ni 's “aill leibh,” arsa Criosd, agus nithear e.” Tha maitheanas ar peacannan uile, saor, buileach, siorruidh; tha buaidh thairis air gach miann; tha làthaireachd Dhia maille ruinn feadh an t-saoghail dhoilleir so; tha ä ghlòir a' dol seachad roimh ar sùilean agus a' dealradh 'near cridheachan; tha stiùradh, dìon, agus neart, solas neamhaidh fhad's is beò sinn, agus neamh fein an deigh dhuinn éug—tha iad sin uile ann an comas na h-ùrnaigh—ruigidh ùrnaigh orra uile;—ruigidh SINNE orra; tha iad, mar gu'm b'e, uile 'g an cumail an àird fa chomhair ar sùl, agus an sgriobhadh so a' dealradh orra gu leir—“Iarraibh agus gheibh sibh.”—Tròcairean a chaidh a cheannach agus uidhimeachadh, a'feitheamh air an duine 'ni ùrnaigh.

Chaidh an earrann so a dheanamh 'ná meadhon air boirionnach bochd a chur a dh'iarraidh an TIGHEARNA. Dh' éug i toiseach an t-samhraidh 1836, ag éibhneas ann an gràdh na saorsa.

Fior Aithreachas.

Agus thubhàirt e r'a sheirbhiseach, gabh suas, a nise, agus amhaire rathad na mara. Agus chaidh e a dh'amharc, agus thuirt e, cha'n eil ni ann: agus thuirt e, Falbh a-rithisd seachd uairean.
1 Rìgh. xviii, 43.

SE uairean dh'amhaire òglach Eliah rathad na mara mu'm bu chomasach dha ni sam bith fhaicinn. An seachdamh uair chunnaic e neul nach bu mhò na ä làmh; gidheadh 'an ceann bheagan uairean chòmhdach an neul sin na spéuran le dorchadas, agus an talamh le h-uisge. Ceart mar so faodaidh tachairt do iomadh neach' n uair a bhios e 'g urnaigh ri Dia, mar rinn nighean Chàleb r'a h-athair. Breith i, 15. “Gus so cha d' thug thu dhomh còirach air cridhe tioram neo-thorrach, ach thoir an nise dhomh tobraichean uisge—beagan mothachaidh, no air a chuid a's

luga, beagan bròin air son mo pheacannan. Ged nach toir Dia dhuit d'iarrrtas, ma dh'fhaoidte, an deigh do ghlùn a lùbadh se uairean, agus ged nach faicear aig an t-seachdamh uair ach aon bhraon beag a' fliuchadh do shùile,—na cail do mhisneach; faodaidh gu'm brùchd *fras* as a' *bhraon* sin; faodaidh toiseach an tòiseachaidh sin do chridhe uile a leaghadh, mu dheireadh, 'nà uisge; agus mar a ta làn aoibhneas ann air son gu'n iompaichear aon pheacach, faodaidh gu bheil a thomhas fein de dh'aoibhneas ann, air son aon bhraon a shileas peacach aithreachail, no a's miann leis a shileadh.

Ged ghuidheadh tu deich deichean uair
 Gun fhuasglad fhaotainn ann,
Na sguir 's na fannaich, oir thig buaidh
 Fadheòidh 'ni suas do chall.

CIA SAM BITH THU NA SGUIR GU BRATH DE BHI 'G URNAIGH.
 THIG BEANNACHD *gu cinnteach* MU DHEIREADH.

Tha gealladh Chrìosd fein agad a' nasgadh gu'n dean e so. Ciod sam bith a dh'iarrras sibh ann am ainmsa gheibh sibh. Eoin xiv, 13.

Chuir boirionnach òg, a mhuinntir Rochester, earail air an ughdair, fios a leigeil air à buidheachas agus à cliù do 'n Dia uile chumhachdach, air son gu'n d' rinn e, 'nà thròcair, an Earrann so 'nà beannachadh d'ä h-anam-se.

Aoibhneas air Neamh air sgath Pheacach Aithreachail.

Tha aoibhneas ann am fianuis ainglean Dhé air sgath aon pheacaich a ni aithreachas. Luc. xvi, 10. *Eiridh mi agus theid mi gu m' athair;—ach 'n uair bha e fathast* ASTAR FAD AS *chunnaic 'athair e, agus bha truas aige dheth, agus* RUIH *e,—thuit e air ä mhuineal, agus phogse e.* Luc. xv, 20. *Bha mo mhac so marbh, 'us tha e nise beò;—AIR CHALL—agus FHUARDH e!!*

THA làn-mhisneach 'an so do gach uile pheacach truagh, diobarach, seachranach, tilleadh a dh'ionnsaidh än Athar,—Dia. Faodaidh an truail a's diùtha fo chopan nan spéur gabhail ris an trocair a tha 'n Tighearna 'tairginn. Ann an cosamhlachd so a' mhic stròghail, tha caomhalas 'us truacantas an Tighearna gu ro àlainn 'g an cur an céill agus 'g än soillseachadh. (Faic Luc. xv, 11, gu crìch a' chaibidil.)

A thaobh nàduir, tha sinn uile 'när struighearan, agus bhitheamaid *cailte* gu siorruidh, mur deanadh gràs Dhia ar cridhe a thaisleachadh agus ar toirt gu cas-stol na tròcaire,

—chum ar n-Athair neamhaidh, a ta feitheamh chum bhì tròcaireach,—a ta làn truacantais—làn gràidh.

Thoir thusa deuchainn, a pheacaich bhochd, bhuarite, iomluaisgte, shàraichte,—thoir thusa deuchainn ;—tilg thu féin 'an làthair an Tighearna, agus mu'n urrainn thu idir à stol-coise a ruigsinn, aomaidh e riut, gu d' ghlacadh le righeachan à ghràis agus à ghràidh mhaitheanasaich.

Tha aig sgrìobhaich na h-earrann so dearbhadh sona air *cumhachd* gràidh an fhir-shaoraidh ; agus esan a bha aon uair *fad as*—mar uighe ceuma do bhì CAILLTE GU STORRUIDH, chaidh a nise (mar chuimhneachan air tròcair) à thoirt *dliùth* trid fuil Chrìosd, agus tha e 'nà chomas am Fear-saoraidh a mholadh do dhiù nan diùtha.

Cha chomas dhuit a bhì air do mhealladh—no dhol 'am mearachd. A chaoidh cha bhris ar Dia gràs-mhor-ne a chuile bhrùite, agus ni 'm mùch e an lion fo chaol-smùid. Is ro ionmhuinne leis ainm Iosa na gu'n diùlt e glaodh peacaich sam bith : (Eoin xvi, 23.) Thoir thusa deuchainn agus is leatsa neamh. Gu'n tugadh an Tighearna dhuit misneach—neart,—agus creidimh, chum's gu'n rachadh d'anam a shaoradh, agus ainm-san a ghlòrachadh. Amen.

Na h-Oighean Amaideach.

Thuir na h-oighean amaideach ris na h-oighean glìce, Thugaibh dhuinne cuid d'ur n-ola, oir tha ar lòchrain air dol as. Ach fhreagair na h-oighean glìce, Nì'n tabhair. Mata. xxv, 8, 9.

CHA'N fhéumar a smuaineachadh gu bheil a' h-uile neach a ta fo ainm Crìosdaidh air à chiallachadh 'an so. 'S iad amhàin a ta air àn ciallachadh, an dream a ta ri aidmheil chreideasaich air an t-soisgeul, agus a ta 'g àn giùlan féin air chor agus gu bheil deagh mheas aig fìor Chrìosdaidhean orra, agus gu bheil iad mar sin a' faotainn a bhì 'nàn comunn. Bha cóig glìce agus cóig amaideach de na deich oighean air am bheil ar Tighearna a' deanamh luaidh. Bha lòchrain aig na h-amaidean, ach cha robh ola-earalais aca 'nàn soithichean chum àn gléusadh : 's e sin, bha aca dìreach urad de chreidimh 's a dh' fhoghainn gu sealladh sgèamhail a chur orra, ach *cho robh àn cridheachan gu fìor air àn naomhachadh*, no air àn lionadh le naomh-chìon le spiorad nuadh-ghineamhuinneach Dhé. Ach na h-oighean glìce, 'n uair a theann iadsan r'àn lòchrain féin uidhimeachadh, bha ola *deas* aca gu'n lionadh. Ceart amhuil so, tha 'm fìor Chrìosdaidh daonnan *deas* air cheann gach tuiteamais, a dh'-aindheoin 's nach eil e (ann an coimeas), dìreach cho

furachair 's a thigeadh dha. Nach mòr an dùrachd, an dichioll, agus an dian-ùrnuigh leis an tigeadh e dhuinn sinn-fein a sgrùdadh, am bheil no nach eil sinn 's a' chreidimh ! Nach ann duinn a thigeadh e, sinn a bhi fo fhiamh gu'm faodar ar mealladh ann an cùis 's a bheil urad againn air chunnart, agus nach ruig sinn air a' bheatha mhairionnaich ! Cia dùrachdach an déigh bu chòir a bhi againn air gliocas siorruidh, agus cia iarrtasach a bhi air ar faotainn *fireanta ann am fianuis* Dhia, seach a bhi taitneach ann am beachd peacaich chlaonbheithich, thuiteamaich ! Cia uamhasach cor na muinntreach sin aig nach bi iarraidh air na nithe a bhuineas do shlàinte, gus an teid an t-àm seachad ; iadsan nach buail, gus an teid an dorus a dhruideadh ! Na deanamaidne, mata, mo chomhpheacaich, moille sam bith, ach bitheamaid gu dùrachdach a'deasachadh air chionn na féisde, agus bitheamaid do ghnáth air ar faicill, chionn cha'n fhios dhuinn an latha no an uair a thig ar Tighearna.

Uisge na Beatha.

Thigeadh esan a ta pàiteach ; agus co sam bith leis an àill, gabhadh e de dh-uisge na beatha gu saor. Taisb. xxii, 17.

MA tha mothachadh agad air a' pheacadh, agus air easbhuidh nithean spioradail, agus ma tha togradh agad a bhi air do shaoradh tre ghràs, ged nach eil fhios agad gur h-e cumhachd dhiomhair Chrìosd a tha 'g ad dheanamh togarrach, gidheadh ma thà pathadh ort agus togradh agad,—tha 'an so *cuireadh* agad. Na bi 'cur breislich no breathaill ort fein le 'n leithid so de cheistean,—“Am bheil mis' air mo *thaghadh* ? Am bheil còir agamsa ? Am bheil mi deas ?—ach géill do'n chuireadh, agus gabh maitheanas, sith, fireantachd, agus a h-uile beannachd shoisgeulach mar shaorthiodhlacan do'n fhéumach. Na'n tugteadh cuireadh gu féisd do neach 'an comhair bàsachadh le pathadh 's le h-acras, agus dearbhadh gu'm b'e a bheatha, agus nan seasadh é 's an iomadan ag radh, A bheil còir agam ? An airdh mi ?—nach meastadh 'nä stuachdaiche dha, e bhi mar so a' moit, agus an éiginn cho cruaidh a' cur air, agus bord làn m'ä chomhair ? Tha cuireadh aig na daoine sgithe, aig na h-acraich, aig na pàitich, aig na *neo-thoilltinnich*, aig na diùtha, creidsinn ann an Crìosd, a thainig a dh' aon obair a thèarnadh PHEACACH ; agus a thug dearbhadh dhoibh 'nä fhacal, nach dean e iadsan a thig d'ä ionnsaidh mar so, “a thilgeadh air chor sam bith a-mach.”

Tha 'n Spiorad, anns an Fhocal,
 A' gairm, 's 'na obair chòrr,
 "Gu sruth nà beatha thigibh
 Agus togaibh leibh na's leoir."
 Esan a ta pàiteach
 'S nach urra 'chràdh a chasg,
 Thigeadh e, 'us tairngeadh e
 A shàth de shlàinte as.
 Esan leis an àille e,
 'S e làn dìth-bheatha òl
 A sruthan mear na slàinte,
 Gun airgiod is gun òr.

Rabhadh Athair.

Eisdibh, a chlann, ri teagasg Athair ; agus aomaihb a ghabhail eòlais air tuisge, Gnathfh. iv, 1. Tha sinne a' labhairt an nì a's aithne dhuinn, agus a' toirt fianuis air an nì a chunnaic sinn. 1 Eoin iii, 1. A mhuinntir ghraidh, na creidibh gach uile spiorad ; ach dearbhaibh na spioraid, an ann o Dhia iad. 1 Eoin iv, 1.

Co sam bith thu, a léughadair, a thig chum an leabhraìn so a dh'iarraidh eòlais no teagaisg, gabh ris na comhairlean so 'leanas—comhairlean a dh' fhàs á fad-dhearbhadh, á fad-bheachdachadh : 's ann air sgàth do leas spioradail a tha iad ; ma ghabhas tu riutha, cuiridh iad air d' fhaicill thu romh mhearachdan, agus bheir iad dhuit dearbh-bhlas air sìth shoisgeulaich, agus air gaol an Fhir-shaoraidh. Biodh do bheatha naomh. Cùm faire air do thograidhean, air do ghiùlan, agus air do chainnt, air chor's nach cràidhear spiorad an Tighearna, agus nach toirear air falbh 'fheairtean sòlasach as d'anam. Bi deas chum gach deagh oibre, á reir do chomas agus do chothrom : agus thoir aire àraidh nach labhrar gu h-òlc mu d' mhaith, a thaobh an t-siùil air an dean thu e. Na tugadh seirbhis leth-iomallach sam bith, d'ad thaobh fein no a thaobh muinntir eile, ort dearmad a dheanamh air sìor aire thoirt do ghluasadan do chridhe fein o'n leth a-stigh. Biodh facal sgrìobhta Dhé 'nà riaghailt neo-chaochlaideach dhuit araon ann an rùn 's ann an cleachdadh. Cia bith leanmhuinn nach adhartaich urram an Fhir-shaoraidh, agus nach dean à ghràs, 'obair, agus a shlàinte àrdachadh, bi cinnteach nach ann uaithean a ta g'ur gairm i. Bi dian-iarrtach air macantas, irioslachd, foighidinn, féin-àicheadh, naomhachd inntinne, agus air uile ghràsan eile an spioraid : tha iad sin ag ìomchar am fianuise fein, agus 's e Dia ata g'an oibreachadh, agus leanaidh iad riut 'nan toradh gu sìorruidh buan.

Luchd Leanmhuinn air Crìosd.

Lean mise. Luc. v., 36. *Agus fuiling cruaidh-chas mar dheagh shaiùdear le Crìosd.* 2 Tim. ii, 3.

Am b' àill leat Crìosd 'leantuinn? Na'm beadh, lean e ann am féin-àicheadh, ann an irioslachd, ann am foighidinn, agus ann an ullamhachd air son gach deagh oibre. Lean e agus crann-ceusaidh gach latha air d'iomchar, agus amhaire air à *chrann*-san chum 's gu'n aotromaich d'eallach. Lean e mar d' iùlair agus do dhionair, agus ionnsaich léursainn le léursainn-san, agus earb do dhion r'a ghàirdean-san. Lean e mar Charaid nam PEACACH a *shlànaicheas an cridhe briste*, 's a *bheir fois do na h-anamaibh sgithe*, agus nach tilg a-mach a h-aon a thig d' à ionnsaidh. Lean e le creidimh, a leigeil do thaitneachduinn am fianuis Dhé, agus do chòire air neamh, gu h-iomlan 'an taice r' à fhuil thoilltinnich, agus r' à fhìreantachdsan a-mhain. Fadheòidh, Lean e le mòran ùrnaighean. Chionn ged tha e làn truacantais, *is toil leis mòran impidh a chur air*, agus an uair a chuireas e roimhe beannachd a bhuileachadh, feumaidh tu fathast gleachd ris air à son. Biodh deagh mhisneach agad,—bi làidir anns an Tighearna; chionn is ESAN cuideachadh nan dìobarach,—dòchas nan éudòchasach,—slàinte nan euslan,—neart nam fann,—saibhreas nam bochd,—sith nam muinntir a ta fo bhuaireas,—agus sòlas nan treachlach,—solus nam muinntreach a ta 'andorchadas,—còmpanach nan creachta,—caraid na droinge gun chàirdean,—slighe nan iomrallach,—gliocas nan amaideach,—fìreantachd nam mì-dhiadhaidh, naomhachd nam mì-naomha,—saorsa nan ciomach,—aoibhneas nan tùrsach,—agus, ann am facal, slàinte nan daoine CAILLTE. O mata, lean Crìosd, agus treoirichidh e thu gu glòir.

Chum Crìosd a leantuinn, is éudar dhuinn a bhi a' ghnàth chléachdadh URNAIGH. Ni dearmid air ùrnaigh glanhas fhosgladh, a ghrad lionar le peacadh, agus ann sin leanaidh sinn SATAN.

Tha aon ni Fèumail.

'S e so a thuirte an Tighearna Iosa ri Marta, agus le dearbh chòir faodar a chàradh ris gach anam a tha gun suim (cia bith meud à stòrais shaoghalta), de 'n aon ni fhèumail so, ris am bheil sonas sìorruidh gach neach 'an crochadh seilbh fhaotainn air: chionn ged bu le duine an cruthachadh iomlan, agus gun chòir aige air an aon ni, bhiodh e mar eaglais Laodicéa, truagh, ànrathach, bochd, dall, agus lomnochd. Ann an Crìosd tha uile ionmhas a' ghliocais agus an eòlais 'an tasgaidh; annsan tha againn seilbh air maith aimsireil agus sìorruidh; oir is esan an t-iomlan, agus tha e 'nà thasgaidh iomlan do'n chreidmheach. O! a leugh-adair, ciod sam bith eile tha dhith ort, bi cùramach gu'm

bì còir agad air an *aon nì fheumail*: tha d'iomlan siorruidh 'an earbsa ris. Ma tha thu mothachail air d' fheum air a' bheannachd so, agus deò-mhiann agad air ä mhealtuin, rach gu IOSA. Tha e a' cuireadh do leithid; agus bheir se e-fein dhuit gu saor, gun airgiod gun luach; chionn b'i a thoil gu gràsmhor a ghealltuinn—"ESAN A THIG CHA TILG MI AIR CHOR SAM BITH A MACH."

Feumaidh sibh a bhi air bhur n-ath-bhreith.

Gu deimhinn deimhinn deircam riut, Mur beircar duine a rithisd, nach urrainn e rioghachd Dhé fhaicinn. Eoin iii, 3-7.

THA so gu soilleir a' taisbeanadh nach dean lom aidmheil air Criosd féum. Cha'n fhoghainn ni sam bith ach dearbhsheilbh airsan anns a' chridhe, trid creidimh. Agus mu'n comas dhuinn ruigsinn air so, feumaidh gu'm fairich ar cridhe athnuadhachadh trid spiorad Dhé. Feumar ar treòrachadh gu nàdur sgreadaidh a' pheacaidh agus na thainig 'nä lorg fhaicinn, agus bheir so oirnn fuath agus gràin a thoirt dha. Feumar ar breth o'n spiorad. Earraileam ort a cheist theann so a chur ort fein. AN D' RUGADH MISE A-RITHISD? Am bheil toil agad a bhi fiosrach am bheil thu 's a' chor so? Rannsaich thu fein a réir mineachadh an abstoil air an teagasg, 2 Cor. v, 17. *Ma tha duine sam bith ann an Criosd is créutair nuadh e: dh' fhalbh seann nithean: feuch chinn gach nì nuadh.* An creutair nuadh thusa? An d' fhalbh na seann nithean agus an d' fhàs gach nì nuadh? Am bheil rùintean ùra 'g ad ghluasad, agus thu cuimseachadh air crìochaibh nuadh! Am bheil am peacadh graineil, agus naomhachd taitneach? Am bheil Criosd priseil? Am mianu leat a mhealtuin agus a bhi còmhail ris? Am bheil thu ionaguinneach ä ghlòrachadh le d' chorp agus le d' spiorad a's leis féin? Ma tha, faodaidh tu a' cheist a fhreagairt agus a ràdh, CHAIDH MISE ATH-BREITH.

Bheir an ùr-bhreith dhuit ùr-iarrtais, ùr-aigean, agus ùr-shòlais. An t-anam ath-ùraichte mar so, seallaidh e air 'ais le mor-iongantas air fad-fhulangas agus trocair Dhia, 'n uair bha e 'an ar-amach 'nä aghaidh, agus bi'dh ioghnadh air cionnus nach deach ä thilgeadh amach do thruaigh shiorruidh. Bi'dh an cridhe nise lionta le mianna *naomh*, agus le sior-chion air CRIOSD, agus iadsan anns an d'oibrich an t-ùr-rùn beathail so 's an *taobh a-stigh*—faodaidh iad a bhi cinnteach gu'n do chuir an Tighearna shéula orra gu SIORRAIDH!! Cha chomas do ni air bith iadsan a sgaradh o ä ghràdh gun chaochladh-san. Gu'n tugadh an earrann so dòchas agus comhfhurtachd do gach anam ata fo dhiobhail misnich.

La a Bhreathanais.

Féumaidh sinn uile teachd' an làthair cathair bhreathanais
Chriosd. 2 Cor. v, 10.

AGUS am bheil luchd-fanoid ann, ata gu cuthaich a' lean-tainn an anamianna fein, agus ag cur 'an teagamh nach tig an Tighearna? Tha 'n uair a' dlùthachadh anns nach bi aig Eas-creidimh tuille teagamh: "Tòirleumaidh an Tighearna fein á neamh le h-iolaich, le guth an Ard aingil, agus le trompaid Dhé." Nach iad peacaich a mheathas as, agus a bhios fo gheilt 'nän ionada falaich, an uair a thaisbeanar am Breitheamh, ann an làthair gach neach, air a mhòr-chathair ghil, agus a chitear neamh agus talamh a teicheadh roimh 'fhianuis! 'Nä làthair seasaidh sliochd iomlan an duinne, beag agus mòr: agus theid a dhearbhadh, le teisteanas Dhe agus le fianuis an cogaise fein, theid ä làn dhearbhadh, agus ä chur an ceill gu follaiseach ciod an sluagh a bh'annta, agus ciod a chuir iad an gnìomh. An sin gairmear 'nän aghaidh a' bhinn chothromach, dho-atharrachaidh, dò'n torraicheas sìorruideachd: peanas sìorruidh air na h-aingidh; gheibh na fireanaich a' bheatha mhairionnach. Smuainich, O smuainich ciod an sgrìos ata 'n crochadh os do cheann, a pheacaich dhìarrasaich; "oir feuch tha e a tighinn le neulaibh, agus chi gach sùil e; iadsan mar an ceudna a lot e agus uile chinnich aingidh na talmhainn ni iad caoidh d'ä chionn." 'S e nise 'n t-àm taitneach, 's e 'n dìugh latha na släinte; a nise gabh ris mar an slänuighear a ta 'd thairgse, mar do shlänuighear uile-fhoghainteach; agus mar sin theid gu sìorruidh do liubhairt uaithe mar do bhreitheamh feargach.

Tha latha uamhasach a' teachd,
'S an toir am Mac air bheò 's air mhairbh
Ceart bhreth; a pheacaich, ciamar ni
Thu teachd a dh'ionns' an ditidh ghairbh
A thoilleas tu air son do ghnìomh?
O iarr *anis'* an tròcair chaomh
A bheirear dhuit, gu toileach luath,
Mu'n loisg am breitheamh suas an saogh'l!

DEASAICH GU TACHAIRT RI D' DHIA!

Chaidh ceud agus trì fichead MILE de'n leabhran bheag so a chlo-bhualadh mar thà: agus, buidheachas do Dhia, chaidh iomadh truaghan peacach a thoirt do neamh leis a bhuaidh a chuir gràs an Tighearna ann an iomadh earrann deth ri linn do pheacaich a bhi g' ä leughadh. O! gu'n deanadh e tuille dheth sin 'nä àm agus 'na dhòigh mhaith fein, gu h-àraidh a-measg nan daoine neo-churamach do'n cainnt a Ghailig, de 'm bheil mòran fo theagasg aodhairean neo-churamach mi-dhiadhaidh!—Amen.



X

LIST OF GAELIC BOOKS

PUBLISHED BY MACLACHLAN & STEWART, EDINBURGH,

SOLD BY

GEORGE GALLIE & SON,

99 BUCHANAN STREET, GLASGOW.

	<i>s.</i>	<i>d.</i>
M'Alpine's Gaelic and English Pronouncing Dictionary, with Grammar, 12mo, <i>cloth</i> ,	9	0
Alleine's Alarm to the Unconverted,	1	6
Baxter's Call to the Unconverted, 18mo, <i>cloth</i> ,	1	6
——— Saint's Rest, translated by Rev. J. Forbes,	2	6
Buchanan (Dugald) of Rannoch's Life and Conversion, with his Hymns, 18mo, <i>cloth</i> ,	2	0
Bunyan's Come and Welcome, 18mo, <i>cloth</i> ,	2	0
——— World to Come, or Visions from Hell, <i>cloth</i> ,	1	6
——— Grace Abounding, 18mo, <i>cloth</i> ,	2	0
——— Pilgrim's Progress (<i>three parts</i>), <i>cloth</i> ,	2	6
——— Water of Life, <i>cloth</i> ,	1	0
——— Sighs from Hell, 18mo, <i>cloth</i> ,	2	0
——— Heavenly Footman, 18mo, <i>cloth</i> ,	1	0
Burder's Village Sermons, 18mo, <i>cloth</i> ,	1	6
Confession of Faith, fcap. 8vo, <i>cloth</i> ,	2	6
Dewar's (Rev. Dr.) The Gaelic Preacher, 8vo,	0	4
Doddridge's Rise and Progress, 12mo, <i>cloth</i> ,	3	0
Dyer's Christ's Famous Titles, 18mo, <i>cloth</i> ,	2	6
Earle's Sacramental Exercises, 18mo, <i>cloth</i> ,	1	6
Gael (The), a Monthly Gaelic Magazine, bound in <i>cloth</i> , 1875-76, for	7	6
Grant's (Rev. Peter) Hymns, 18mo, <i>cloth</i> ,	1	6
Guthrie's Christian's Great Interest, 18mo, <i>cloth</i> ,	2	0
Hall's (Newman) Come to Jesus,	0	6
James' Anxious Enquirer, 12mo, <i>sewed</i> ,	1	0
Joseph, Life of, by Macfarlane, 18mo, <i>cloth</i> ,	1	6
Laoidhean Eadar-Theangaichte o'n Bheurla, <i>cloth</i> ,	0	6
Logan's The Scottish Gael, or Celtic Manners of the Highlanders, 2 vols,	20	0
M'Alpine's Gaelic Grammar, 12mo, <i>sewed</i> ,	1	0
M'Callum's History of the Church of Christ, 8vo,	4	0
Macdonald's (Rev. Dr.) Gaelic Poems, <i>cloth</i> ,	2	6
M'Intyre's (Duncan Ban) Poems and Songs, with an English Translation of "Coire Cheathaich" and "Ben Dorain," 18mo,	2	0
M'Intyre (Rev. D.) on Antiquity of the Gaelic Language (in English),	1	6
Mackenzie's (A.) History of Scotland, Eachdraidh na H-Alba, 12mo, <i>cloth</i> ,	3	6
Mackenzie's Beauties of Gaelic Poetry, royal 8vo,	12	0
Macleod, Rev. Norman. Caraid nan Gaidheal, 8vo, <i>half bound calf</i> ,	18	0
M'Lauchlan, The Book of the Dean of Lismore, 8vo,	7	6
M'Lauchlan's (Rev. Dr.) Celtic Gleanings (in English), fcap. 8vo, <i>cloth</i> ,	2	6
Munro's Gaelic Primer and Vocabulary, 12mo, <i>sewed</i> ,	1	0
Nicolson's Gaelic Proverbs, with English Translation, cr. 8vo,	9	0
Ossian's Poems, revised by Dr. M'Lauchlan, <i>cloth</i> ,	3	0
Phillipps' Seven Common Faults, translated by Rev. H. Maccoll, 12mo,	1	0
Psalm Book, large type, 18mo, <i>bound, gilt edges</i> ,	2	6
Do. do., 18mo, <i>cloth</i> ,	1	0
Do. Smith's or Ross's, large type, 18mo, <i>bound</i> ,	2	0
Do. Gaelic and English, on one page,	1	6
Smith's, Dr., Sean Dana, with English Translation and Notes, by C. S. Jerram,	2	6
Stewart's Elements of Gaelic Grammar, New Edition, crown 8vo, <i>cloth</i> ,	3	6
Sum of Saving Knowledge, 12mo, <i>sewed</i> ,	0	4
New Testament for Schools, 12mo, <i>bound</i> ,	1	0
Job to Ecclesiastes, 12mo, <i>bound</i> ,	0	6
Proverbs of Solomon, 8vo, <i>sewed</i> ,	0	2